

Aithisg-sgrùdaidh air a' Cho-
chomhairleachadh mu Phlana Gàidhlig Alba
Aosmhor

1. Buidheachas:

Tha Alba Aosmhor ag iarraidh taing a thoirt dhaibh-san uile a thug freagairt air a' cho-chomhairleachadh mun Phlana Ghàidhlig againn le bhith a' nochdadh beachdan ann an sgrìobhadh.

2. Ro-ràdh:

Air 21 Màrt 2011 chuir Alba Aosmhor co-chomhairleachadh air bhog mun Dreachd Phlana Ghàidhlig againn, a' sireadh beachdan air na geallaidhean a thug sinn seachad a thaobh na Gàidhlig. Thug am Plana sùil air ceithir prìomh raointean a' bualadh air ullachadh Gàidhlig: Ìomhaigh, Conaltradh, Foillseachaidhean agus Luchd-obrach. Nochd an fheadhainn a fhreagair beachdan luachmhor mun phlana agus beagan mholaidhean gus beachd a ghabhail orra. Anns an fharsaingeachd, bha na beachdan dearbhach, a' cur fàilte air Plana Ghàidhlig Alba Aosmhor.

Is e na tha anns an sgrìobhainn seo 'Aithisg-sgrùdaidh' a rèir stiùireadh Riaghaltas na h-Alba mu chleachdadh ri linn co-chomhairleachaidh. Tha e na sgrùdadh agus na ghiorrachadh air na beachdan air a' cho-chomhairleachadh mun Phlana Ghàidhlig. Chan eil e a' nochdadh beachdan no freagairtean Ministearan na h-Alba air na molaidhean seo. Le bhith a' cur beachd no moladh àraid am broinn na h-aithisge seo, chan eil e ri thoirt às gu bheil a' gabhail ri beachd sam bith mar dhealbh cruinn den t-suidheachadh a thaobh poileasaidh no na dh'fhaodar toirt air adhart anns an sgrìobhainn mu dheireadh.

3. Cùl-raoin:

Ghabhadh ri Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 le Pàrlamaid na h-Alba an rùn inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba leis an aon sùim agus a thathar a' gabhail don Bheurla.

Anon de na nithean as cudromaiche ann an Achd 2005, 's e an t-ullachadh gum faod Bòrd na Gàidhlig iarraidh air buidhnean poblach Planaichean Gàidhlig a chur ri chèile. Chaidh an t-ullachadh seo a chur ann gus a dhèanamh cinnteach gun dèanadh an roinn phoblach ann an Alba oidhirp gus an seas a' Ghàidhlig, le bhith a' togail na h-inbhe is na h-ìomhaigh aice agus a' cruthachadh chothroman gus a bhith ga cleachdadh. Chaidh iarraidh air Alba Aosmhor le Bòrd na Gàidhlig Plana Ghàidhlig ullachadh, agus is e riatanas reachdas a tha ann gum bi seo air a chrìochnachadh ro dheireadh 31 Màrt 2012.

Fo Achd 2005, feumaidh buidhnean poblach ullachadh a' Phlana Ghàidhlig aca thoirt gu aire nam buidhnean uile aig a bheil ùidh sa chùis. Chuir Alba Aosmhor comhairle gu poblach mar sin mun dreachd den Phlana Ghàidhlig aice agus nì i meòrachadh mu na beachdan a gheibh i ri linn obair a' cho-chomhairleachaidh.

4. Beachdan:

Chaidh an sgrìobhainn-comhairleachaidh fhoillseachadh 18 Màrt 2011 agus b' e an ceann-latha mu dheireadh a bha ann gus beachdan a chur a-steach 10 Ògmhios 2011. Chaidh an sgrìobhainn a chur gu 66 eagrachaidhean agus daoine air leth. Bha trì deug de fhreagairtean, às an tàinig trì bho dhaoine air leth. Tha an luchd-freagairt seo air anmeachadh ann an Leasachan A, agus cuideachd air fhoillseachadh air làrach-lìn Alba Aosmhor le briseadh sìos air na freagairtean air a thoirt seachad gu

h-iseal. Tha beachdan luchd-freagairt a bha deònach gun rachadh na beachdan aca a nochdadh ris a' phoball rim faotainn aig an t-seòladh-lìn a leanas – <http://www.historic-scotland.gov.uk/index/about/consultations/closedconsultations.htm>

Seòrsa Freagraiche	Àireamh	% den luchd-fhreagairt uile
Neach air leth	3	23
Ùghdarras Ionadail	3	23
Buidheann-oighreachd	2	15
Buidheann Phoblach	1	8
Roinn an Fhoghlaim	4	31
IOMLAN	13	100

5. Toraidhean:

Chuir an luchd-freagairt air fad cha mhòr fàilte air a' Phlana Ghàidhlig, agus dh'aithnich is mhol iad na h-oidhirpean a rinn Alba Aosmhor roimhe seo mar thaic ris a' chànan. Tha giorrachadh air na prìomh cheistean a dh'èirich air a thoirt seachad gu h-iseal:

- Bha feadhainn den luchd-fhreagairt den bheachd nach robh mìrean den phlana sònraichte gu leòr, mar eisimpleir a' cleachdadh abairtean leithid 'meudaich' gun an ìre den mheudachadh a chomharrachadh, agus abairtean leithid 'nuair a tha e iomchaidh'.
- Bha feadhainn den luchd-fhreagairt den bheachd gum bu chòir barrachd fiosrachaidh a bhith ann mu na tha san amharc aig Alba Aosmhor a thaobh dol an sàs ann an Roinn an Fhoghlaim Ghàidhlig, agus gum bu chòir dhi a bhith an sàs an seo ann an seagh nas gnìomhaiche.
- Bha aon fhreagraiche ann nach robh ag iarraidh gun rachadh airgead a chosg air a' Ghàidhlig.

Tha freagaritean air raointean sònraichte den Phlana Ghàidhlig gan toirt seachad gu h-iseal:

Ìomhaigh:

- Bha naoi freagraichean a bha toilichte leis na geallaidhean ann am Plana Gàidhlig Alba Aosmhor mu ìomhaigh. Bha triùir nach tug freagairt air na ceistean anns an riochd a bha a dhìth, agus bha aonan a bha mì-thoilichte.
- Thug feadhainn molaidhean a thaobh leasachaidh, air a' chuid as motha gum bu chòir do ghnìomhan mu shanasan a bhith nas sònraichte agus gum bu chòir an aon inbhe a thoirt don Ghàidhlig agus don Bheurla.

Conaltradh:

- Bha naoi freagraichean a bha toilichte leis na geallaidhean mu chonaltradh. A-rithist, bha triùir nach tug freagairt air na ceistean anns an riochd a bha a dhìth, agus bha aonan a bha mì-thoilichte.
- Chaidh ceistean a thogail leithid barrachd soilleireachaidh iarraidh a thaobh mar a bhiodh cothrom aig luchd-tadhail air neach-obrach le Gàidhlig, agus a bhith nas gnìomhaiche ann a bhith a' brosnachadh dhaoine gus Gàidhlig a chleachdadh.

Foillseachaidhean:

- Anns an fharsaingeachd, bha an luchd-freagairt toilichte le geallaidhean is gnìomhan mu fhoillseachadh.
- Bha beachd ann gum bu chòir do dh'Alba Aosmhor a bhith na bu shoilleire mun Pholasaidh mu Fhoillseachadh Gàidhlig.
- Chaidh a mholadh le feadhainn gun cruthaichadh Alba Aosmhor briathrachas no faclair a bhuineas dhi fhèin gus am biodh eadar-theangachaidhean air an aon rèir.
- Thuir Comhairle Cathair Dhùn Èideann agus Ainmean-Àite na h-Alba le chèile gun cuireadh iad fàilte air a' chothrom a bhith ag obair gu dlùth le Alba Aosmhor air mìrean sònraichte den Phlana Ghàidhlig.

Luchd-obrach:

- Bha an luchd-freagairt toilichte san fharsaingeachd leis na geallaidhean mun luchd-obrach, gu sònraichte a thaobh Oifigearan Gàidhlig a chur ann an dreuchd ann an Leòdhas agus ann an Caisteal Dhùn Èideann agus a thaobh nam planaichean gus Oifigear Gàidhlig fhastadh.
- Mhol feadhainn den luchd-fhreagairt gun rachadh cothrom air clasaichean Gàidhlig a thoirt do luchd-obrach Alba Aosmhor gu lèir.

San Fharsaingeachd:

Chuir feadhainn de na freagairtean cuideam air beachdan farsaing air a' phlana, na leanas nam measg:

- Gum biodh luchd-obrach le Gàidhlig ag obair na bu dhlùithe le ullachadh Gàidhlig sna sgoiltean a chuireadh ri fiosrachadh is eòlas air àireamh mhòr de làraichean.
- Barrachd àite a thoirt do chur air adhart a' chànain le bhith a' dèanamh Gàidhlig follaiseach do luchd-tadhail dhan dùthaich, seach gu bheil, airson mòran, cànan na mhìr bunaiteach de chultar.
- A bhith nas mionaidiche, amasan a rèir àireamhan a thoirt, agus a bhith nas cruinne a thaobh mar a dh'fhaodar na h-amasan seo a thoirt a-mach. Cuideachd a bhith soilleir a thaobh mar a thèid sùil a chumail air a' phlana.

6. Ath Cheuman

Thathar a' gabhail beachd air na freagairtean seo agus thathar ag atharrachadh a' Phlana Ghàidhlig a rèir sin. Bidh am plana ullamh gus aontachadh fhaighinn bho Bhòrd na Gàidhlig is bho Mhinistearan na h-Alba san Dùbhlachd 2011. Thèid an dreach deireannach den Phlana Ghàidhlig a chur air bhog gu h-oifigeil an dèidh sin aig toiseach 2012.

Leasachan A

Ainmean-Àite na h-Alba

Coimisean na Coilltearachd

Comann Bratach na Croise

Comhairle Earra-Ghàidheal agus Bhòid

Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear

Comhairle Shruighlea

Ionnsachadh agus Teagasg Alba

Neach-aonair – Guy Puzey

Neach-aonair – Steve Harper

Neach-aonair – Wilson MacLeòid

Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean

Sabhal Mòr Ostaig

Ùghdarras Theisteanas na h-Alba